



## Tiotal: Gun shamhail, coltach agus eu-coltach Ìre: TRÀTH

### Ceanglan CfE

Eòlasan/Builean	Slatan-tomhais
Tha mi a' tuigsinn gu bheil coltachdan is eu-coltachdan againn ach tha sinn uile gun choimeas. HWB 0-47a Tha mi a' tuigsinn gu bheil an co-mheasgachadh fhèin de chomasan agus de fheuman aig gach neach fa leth. Tha mi a' cuideachadh mo choimhearsnachd sgoile gu bhith a' cur luach air gach neach fa leth agus gu bhith a' cur fàilte air na h-uile. HWB 0-10a	<ul style="list-style-type: none"><li>Ag aithneachadh choltachdan is eu-coltachdan eadar bodhaigean.</li></ul>

### Amasan Ionnsachaidh

- Gun tòisich clann air aithneachadh gu bheil daoine fa leth agus gun shamhail.
- Gun toir a' chlann beachd seachad air coltachdan is eu-coltachdan sa bhuidheann aca.
- Gun tòisich a' chlann air tuigsinn nach eil e ceart cuideigin a làimhseachadh ann an dòigh mhì-choibhneil air sgàth eadar-dhealachaidhean.

### Slatan-tomhais Soirbheachaidh

- Tha mi a' tuigsinn gu bheil diofar bhuadhan aig gach neach.
- Tha fios agam gu bheil pàirtean der bodhaigean a tha coltach agus pàirtean eile a tha eu-coltach mar eisimpleir dath fuil, sùilean, craicinn, àirde, meud agus cuideam.
- Tha fios agam gu bheil rudan a tha eadar-dhealaichte mur deidhinn gar dèanamh gun shamhail.

### Ceangal ris an Dachaigh

Tha fiosrachadh do phàrantan agus do luchd-cùraim aig gach ìre air làrach RSHP. Tha ceanglaichean ris an dachaigh ann am feadhainn de na gnìomhan a thathar a' moladh. Tha leabhraichean air am moladh airson an ionaid/sgoil – ghabhadh iad seo cuideachd cur dhan leabharlann.

### Prìomh fhaclan/briathrachas

- Comharrachadh
- Eadar-dhealaichte
- Làrach-corraig
- Lorg-coise
- Portraid
- Ceist
- Coltach
- Gun shamhail

## OBAIR

Gabhaidh ionnsachadh planadh, faodaidh e tachairt nuair a dh'èireas cothrom-ionnsachaidh gu nàdarra, nuair a tha clann agus luchd-foghlaim a' còmhradh, no nuair a thachras rudeigin sònraichte. Tha e fìor cuideachd gun urrainn dhuinn fhìn na cothroman sin a chruthachadh, mar sin tha beachdan an seo air leabhraichean, cluich agus gnìomhan eile a chuireas taic ri ionnsachadh RSHP aig tràth-ìre.

### Mirror Mirror...

A' suidhe ann an cearcall tha sgàthan aig gach pàiste airson coimhead orra fhèin. Dè tha iad a' faicinn? Dè an dath a th' air na sùilean aca/ air am falt? Cò ris a tha an sròn coltach? Iarr orra am beòil fhosgladh agus an teanga a stobadh a-mach. A bheil na fiaclan aca air fad? Tha seo ri chleachdadh mar dhòigh air aithneachadh dè tha coltach agus eu-coltach eatarra na tha a' dèanamh gach pàiste gun shamhail agus sònraichte, an uair sin gluais air adhart gu bhith a' coimhead dè na tha coltach agus eu-coltach eadar an fheadhainn a th' anns a' bhuidheann.

Leudaich air an ionnsachadh agus air a' chòmhradh seo gus smaoineachadh air na rudan a tha coltach agus eu-coltach nach fhaic sinn – na rudan as toigh leis a' chloinn a bhith ag ithe, an dath as fheàrr leotha... leis a' bheachd gum faic sinn cuid de na rudan a tha gun shamhail agus gu bheil feadhainn ann nach fhaic sinn!

---

### Portraidean

A-nis 's iad air fèin-sgrùdadh a dhèanamh, faodaidh a' chlann fèin-phortraid a dhèanamh no dealbh a pheantadh /tharraing de chèile. Faodaidh a' chlann na dealbhan aca a thaisbeanadh – dè na feartan a thog iad? Dè nam beachd fhèin a tha gan dèanamh gun shamhail? No coltach ri clann eile? Dèanaibh gailearaidh, sgrìobhaibh cuiridhean agus cuiribh fosgladh oifigeil air dòigh.

---

### Mise cuideachd!

Tha aon neach a' seasamh air beulaibh chàich agus ag innse aon rud mun deidhinn fhèin, dath, gèam no beathach a tha a' còrdadh riutha. Ma tha duine eile leis an aon bharrail, tha aca ri seasamh agus "Mise cuideachd" èigheach. Dh'fhaodadh a' chlann liosta a dhèanamh no aontachadh cò na cuspairean a chleachdas iad sa ghèam agus am feuchainn còmhla ri caraid mus tòisich sibh air cluich.

---

### Faigh cuideigin eile...

'S e amas a' ghèam seo cuideigin eile a lorg aig bheil an aon bheachd no an aon bhuadh riutsa. Gabhaidh a chleachdadh

---

---

	<p>gus clann a chur ann am pàidhrichean airson obair eile (airson 's gun tòisich iad le rudeigin a tha gan ceangal ach gun obraich iad còmhla ri pàiste nach taghadh iad san àbhaist). Dh'fhaodadh tu tòiseachadh le bhith a' toirt chairtean beaga dathte dhan chloinn agus ag innse dhaibh gum feum iad 'dearg eile' a lorg. An uair sin dh'fhaodadh iad rudan a thogail à бага (2 de gach rud sa bhaga) gus an compàirtiche aca fhaighinn. An uair sinn till gach rud dhan bhaga agus cluich a-rithist... Às dèidh rudan no nithean, dh'fhaodadh iad a dhol gu rudan a tha coltach ri chèile no rudan a tha gan ceangal (bidh còmhradh agus ath-innse a dhìth an seo).</p>
<b>Faigh eòlas orm: Àm nan ceistean</b>	<p>Iarr air a' chloinn ceistean a chruthachadh a chuireadh iad air clann eile mun deidhinn fhèin. Cuimhnich dhaibh gum bu chòir do cheistean sam bith a bhith modhail agus coibhneil. Dh'fhaodadh sibh tòiseachadh le feadhainn stèidhichte air rudan as aithne dhuibh mun chloinn. <i>A bheil peata agad? Am bi thu a' cluich ball-coise?</i> Faodaidh inbhich sam bith san rùm cluich cuideachd airson 's gum faigh a' chlann ceistean a chur oirbh.</p>
<b>Làraich-corraig agus lorgan-coise</b>	<p>Faodaidh sibh an dà chuid dhiubh seo a chleachdadh gus a shealltainn nuair a tha sinn a-mach air ar bodhaigean gu bheil sinn uile gun shamhail. Cuir na lorgan-coise air dòigh ann an taisbeanadh bho beag gu mòr.</p>
<b>Tadhail air ionad no sgoil eile</b>	<p>Faodaidh coinneachadh ri clann eile agus faicinn far am bi iad a' cluich a bhith na dheagh thoiseach-tòiseachaidh airson còmhradh air na tha coltach agus eu-coltach mun ionad/sgoil acasan. An do thachair a' chlann ri clann eile a bha coltach no eu-coltach riuthasan?</p>
<b>Comharrachadh</b>	<p>Ann a bhith a' comharrachadh co-là-breith gach pàiste sa chlas, faigh a-mach dè bhios iad a' dèanamh san dachaigh. Tha comharrachadh làithean fèille agus fèisean cultarail tron bhliadhna a' toirt dhuibh cothrom ionnsachadh dè tha sònraichte agus coltach/eu-coltach mu gach fear.</p>
<b>Tro chòmhradh agus cluich</b>	<p>Tarraing aire gu, agus dèan sgrùdadh air, diofar àirdean, mheudan, chumaidhean, rudan a tha agus nach eil a' còrdadh ris a' chloinn – a' cur cuideam air na tha coltach, eu-coltach agus gun shamhail eatarra. Mun àm a tha a' chlann air C1 glèidh am fiosrachadh agus cleachd e ann an obair àireamhachd.</p>

---

## **LEABHRAICHEAN A LEUGHAS SIBH CÒMHLA NO A GHEIBH SIBH AIR IASAD**

### **Thoiribh sùil air an liosta shlàn a gheibhear aig Tràth-ìre.**

Bheir na leabhraichean seo cothroman còmhraidh dhuibh air na cuspairean ris a bheilear a' dèiligeadh, gabhaidh iad cleachdadh còmhla ri clas no buidheann, an leughadh do dhithis no barrachd chloinne gus taic a chur ri prìomh phuingean ionnsachaidh. Dh'fhaodar pàrantan agus luchd-cùraim a bhrosnachadh gus an leughadh san dachaigh cuideachd.

### **All about Me**

Debbie MacKinnon agus Anthea Sieveking

ISBN 07112 11000

A' glacadh beòthalachd clann òg ag ionnsachadh mum bodhaigean agus mun deidhinn fhèin le bhith ag ainmeachadh, a' cunntadh, a' faighinn a-mach agus a' dèanamh coimeas.

### **Colin and Lee, Carrot and Pea**

Morag Hood

ISBN 1509808949

Dòigh sgoineil gus clann a chuideachadh a' dèanamh gàirdeachas mu bhith fa-leth, dàimh agus glasaich!

### **I love you just the way you are**

Tammi Salzano

ISBN 9781848958753

Màthair agus a mac a' dol tro latha àbhaisteach le gnìomhan air am bi sinn uile eòlach, leithid a' cur orra aodaichean annasach, leughadh, peantadh agus àm amair.

### **It's okay to be different**

Todd Parr

ISBN 0316043478

Tha e ceart gu leòr a bhith eadar-dhealaichte, sin a' bhun-bheachd a tha *It's Okay to Be Different* a' cur an cèill. Ag ionnsachadh mu bhith a' gabhail ri rudan, tuigse, agus misneachd ann an doigh fhreagarrach do chlann le dathan soilleir agus dealbhan gòrach.

### **Giraffes can't dance**

Giles Andreae

ISBN 1841215651

Leabhar eirmseach mu fhear air an taobh a-muigh a tha a' dèanamh a shlighe fhèin – tha leasan simplidh ann mu fhulangas agus mu bhith misneachail a thaobh a bhith a' dèanamh do shlighe fhèin/eadar-dhealaichte.

### **Frog is frog**

Max Velthuys

ISBN 1783441410

Chan eil Frog toilichte mu bhith na losgann plèin, uaine, tha e a' miannachadh na tha a charaidean ris a dhèanamh. Tha e a' feuchgairn ri falbh air iteig mar a nì Tunnag, cèicichean fhuine mar a nì Muc agus leughadh mar a nì Geàrr. Ach tha gach oidhirp a' dol gu tur ceàrr

Goireas teagaisg // Tha an t-susbaint seo gu lèir airson suidheachadh foghlaim. Airson tuilleadh fiosrachaidh thèidibh gu [www.rshp.scot](http://www.rshp.scot) // Lùnastal 2019

agus tha Frog uabhasach brònach, gus an inns Geàrr dha gu bheil gaol aig a charaidean air dìreach mar a tha e.